

Ian

From: Wilson McLeod [wmcleod@staffmail.ed.ac.uk]
Sent: 25 September 2004 21:45
To: info
Subject: Cultural Rights[Scanned]

A chàirdean

Tha mi a' sgrìobhadh thugaibh an lùib a' cho-chomhairleachaidh agaibh air 'Còraichean Cultarach'.

Saoilidh mi gum bu chòir còraichean cànanach a bhith aig cridhe ur n-obrach. Tha iomadachd chànanach na h-Alba air leth luachmhor. Tha a' Ghàidhlig ann an staid èiginneach a-nis air sgàth mì-rùn agus dìmeas nan ùghdarrasan thairis air na linntean. Bu cheart còir a bhith aig luchd na Gàidhlig an cànan fhèin a chleachdadh air feadh beatha phoballach agus chultarach na h-Alba.

Bhiodh e math, mar eisimpleir, an làrach-lìn agaibh fhaicinn ann an Gàidhlig; tha poileasaidhean no cleachdaidhean 'Beurla a-mhàin' ag innse do luchd na Gàidhlig nach eil an Coimisean a' cur mòran luach air a' Ghàidhlig no an iomadachd chànanach san fhairsaingeachd. Tha e a' toirt nam chuimhne an iomairt aig Riaghaltas na h-Alba 'One Scotland: Many Cultures', anns nach robh ach a' Bheurla ga cleachdadh. 'One Scotland: Many Cultures, But Only One Language' a réir coltais!

Tha mi an dòchas gum faicear mìneachadh mionaideach is faiceallach air ceist na h-iomadachd chànanaich agus air còraichean cànanach anns an aithisg agaibh.

Is mise le meas

Wilson McLeod
2/1 Clòs Crìoch an t-Saoghail
10 Ard-shràid
Dùn Eideann EH1 1TD